



Bìoball airson na Cloinne
A'cur fan comhair

AN ÀM A
CHRUTHAICH
DIA GACH NÌ



Written by: Edward Hughes

Illustrated by: Byron Unger and Lazarus

Adapted by: Bob Davies and Tammy S.

Air eadar-theangachadh le Màiri NicIlleathain

Produced by: Bible for Children
www.M1914.org

©2009 Bible for Children, Inc.

License: You have the right to copy or print
this story, as long as you do not sell it.



Cò chruthaich sinn? Tha am Bìoball,
Facal Dhè, ag innse mar a thòisich
an cinne daonna.




Bho chionn fhada, chruthaich Dia
a'chiad duine agus thug Dia Adhamh
mar ainm air. Chruthaich Dia
Adhamh a-mach à
duslach na
talmhainn.




An uair a shèid Dia anail na beatha
ann an Adhamh, thàinig Adhamh beò.
Bha e suidhte ann an gàrradh
àlainn Edein.




Mus do chruthaich Dia Adhamh,
chruthaich e saoghal àlainn loma-làn
de nithean mìorbhaileach. Ceum air
cheum, chruthaich Dia na cnuic, ...



... na cluaintean, na flùraichean
cùbhraidh, na craobhan àrda, na h-
eòin len itean daite, na seilleanan
srannach, ...



... na mucan-mara luidireach agus na
seilcheagan sleamhainn. Gu dearbh,
chruthaich Dia gach nì a th'ann -
seadh, gach nì!



Anns an toiseach, mus do
chruthaich Dia nì sam
bith, cha robh nì sam
bith ann ach
Dia. Cha robh
daoine ann.
Cha robh àitean
ann. Cha robh
rud sam bith ann.
Neoni. Cha robh solas ann.




Cha robh dorchadas ann.
Cha robh shìos ann.
Cha robh shuas ann.
Cha robh an-dè
ann. Cha robh
am-màireach
ann. Cha robh
ann ach Dia fhèin
- Dia aig nach robh toiseach.
An sin chaidh Dia gu obair!



Anns an toiseach,
chruthaich Dia na nèamhan
agus an talamh.




Agus bha an
talamh gun
dealbh
agus
falamh.



Agus bha dorchadas
air aghaidh na
doimhne.

Agus
thuirt
Dia,

"Biodh
solas ann."




Agus bha solas ann. Thug Dia mar
ainm air an t-solas Là agus thug e
mar ainm air an dorchadas Oidhche.


Agus b'iad am feasgar agus a'
mhadainn a' chiad là.



Air an dara là, rinn Dia an t-adhar agus chuir e dealachadh eadar na h-uisgeachean a bha fon adhar agus na h-uisgeachean a bha os cionn an adhair.



Thug Dia mar ainm air an adhar
Nèamh. Air an treas là, thuir Dia,
"Cruinnichear na h-uisgeachean a
tha fo nèamh a dh'aon àite agus



leigear ris an talamh tioram."
Agus bha e mar sin.





Dh'òrdaich Dia gun tugadh an
talamh a-mach feur,
lusan agus
craobhan.



Agus bha e mar sin. Agus b'iad
am feasgar agus a'
mhadainn an
treas là.



An uair sin, rinn Dia a' ghrian
airson solas an là agus
a' ghealach agus
reultan do-àireamh
airson na h-oidhche.
Agus b'iad am
feasgar agus a'
mhadainn an
ceathramh là.



An dèidh sin,
chruthaich Dia na
creutairean mara, an
t-iasg agus na h-eòin.
Air a' chòigeamh
là, chruthaich Dia
na mucan-mara mòra
agus na sgadain
gheàrr, struthan
nan casan fada agus
dreathain-donna nan casan beaga.



Chruthaich Dia gach uile chreutair a thug na h-uisgeachean a-mach gu pailt a-rèir an gnè agus gach eun iteagach a-rèir a ghnè. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an còigeamh là.



An dèidh sin, thuir Dia, "Thugadh an talamh a-mach an creutair beò a-rèir a ghnè ..." Agus bha e mar sin - a h-uile seòrsa beathach agus biastag agus gach nì a shnàigeas. Bha an t-aibhean mòr, trom-chasach ann agus am bìobhair beag, trang.




Am muncaidh àbhachdach agus an
crogall cloidseach. A' bhoiteag
shnàigeach agus an sionnach seòlta.
An siorar spathaltach agus a' phiseag
phiorrach. Rinneadh gach seòrsa
beathach le Dia air an t-siathamh là
agus chunnaic Dia gun robh e math.



Rinn Dia rud eile air an t-siathamh
là - nì air leth sonraichte. Bha a h-
uile rud a-nis deiseil airson an Duine.

Agus thuirt Dia,
"Dèanamaid duine
nar dealbh fhèin,
a-rèir ar coslais
fhèin agus
biodh ...



...uachdaranachd aige os cionn gach nì
a tha air an talamh." CHRUTHAICH
DIA AN DUINE NA DHEALBH
FHEIN. ANN AN
DEALBH DHE,
CHRUTHAICH
EE.



Labhair Dia ri
Adhamh agus
thuir e,
“De gach uile
chraoibh anns
a' ghàrradh
faodaidh tu
itheadh gu
soar:



Ach de
chraoibh
eòlais a'
mhaith agus
an uilc na ith
dhith sin; oir
ma dh'itheas,
gu cinnteach
bàsaichidh tu."



Agus thuir an Tighearna
Dia, "Chan eil e math
gum biodh an aonar.
Nì mi dha còmhnadh
da rèir fhèin."



Thug Dia na
beathaichean
agus na h-eòin a
chum Adhaimh.



Thug Adhamh ainmean orra uile.
Feumar gun robh e gu math
tuigseach mus do rinn e
seo. Ach do Adhamh cha
d'fhuaireadh còmhnaidh
da rèir fhèin.



Agus thug an Tighearna Dia air cadal
trom tuiteam air Adhamh. Fhads a

bha Adhamh 'na
chadal, thug Dia
aisean a-mach à
Adhamh agus
rinn Dia
Mnaoi às
an aisean.




Bha a' mhnaoi a rinn Dia dìreach
ceart agus freagarrach
do Adhamh.




Rinn Dia gach nì ann an
sia làithean. An uair sin
ghabh Dia fois air an
t-seachdamh là.



Bheannaich Dia an
seachdamh là agus
naomhaich e e. Rinn
Dia là fois dheth.



Ann an gàrradh Edein, bha
sonas foirfe aig Adhamh
agus a bhean Eubha agus
iad a' toirt ùmhlachd
do Dhia.



B'e Dia an Tighearna,
an Solaraiche agus
an Caraid.



An Am a Chruthaich Dia Gach Nì

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

faighinn ann an Genesis 1 agus 2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm119:130



A' Chrìoch



